

Plana Corporra 2023-28



Dealbh le: Sandie Photos

An Lèirsinn againn:

A bhith a' faighinn leudachadh a ghabhas tomhas san àireimh dhaoine a tha a' bruidhinn, ag ionnsachadh, a' cleachdadh agus a' toirt taic dhan Ghàidhlig.



Dealbh le: Julie Broadfoot

Clàr-Innse

Cathraiche is Ceannard	4
Cò sinne agus dè bhios sinn a' dèanamh	5
Plana Corporra	6
Cothrom is Cunnart	7
An Lèirsinn againn	8
Prìomh Chomharra Coileanaidh 1	11
Prìomh Chomharra Coileanaidh 2	12
Prìomh Chomharra Coileanaidh 3	13
Prìomh Chomharra Coileanaidh 4	14
Prìomh Chomharra Coileanaidh 5	15
Buidseat Bòrd na Gàidhlig 24/25	16
Prìomh sgrìobhainnean air an deach iomradh a thoirt	17

Cathraiche is Ceannard

Tha obair Bhòrd na Gàidhlig air a mhìneachadh sa Phlana Chorporra àrd-amasach seo a tha a' toirt cunntas air an fharsaingeachd de dh'obair chudromach a lìbhrigeas ar cuid dhleastanasan reachdail agus air mar a lìbhrigeas sinn an tionndadh as ùire de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig. Tha co-obrachadh aig a chridhe, agus tha sinn a' cur fàilte air taic Riaghaltas na h-Alba agus air an fharsaingeachd de dhaoine, coimhearsnachdan agus buidhnean a bhios ag obair còmhla rinn gus a' Ghàidhlig a neartachadh air feadh na h-Alba.

Màiri NicAonghais
CATHRAICHE



Tha am Plana Corporra seo a' toirt ro-innleachd gu lìbhrigeadh. Tha e a' mìneachadh na prìomh obair a tha ro Bhòrd na Gàidhlig, a lìbhrigeas sinn le fòcas air coimhearsnachd, com-pàirteachas agus sàr-mhathas. Tha e stèidhichte air an lèirsinn nas fharsainge againn a bhith a' cur ris an àireimh dhaoine a tha a' bruidhinn, ag ionnsachadh, a' cleachdadh agus a' toirt taic dhan Ghàidhlig.

Ealasaid Dhòmhnallach
CEANNARD



Cò sinne agus dè bhios sinn a' dèanamh

'S e buidheann phoblach neo-roinneil a th' ann am Bòrd na Gàidhlig (BnG) a chaidh a stèidheachadh le Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 airson a bhith ag obair às leth Riaghaltas na h-Alba gus taic a thoirt dhan Ghàidhlig.

Dleastanasan Reachdail Bhòrd na Gàidhlig

Tha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a' suidheachadh dhleastanasan reachdail is comhairleachaidh Bhòrd na Gàidhlig, agus structar na buidhne. Chaidh an reachdas seo a neartachadh le Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 a chuir dleastanas air Bòrd na Gàidhlig a bhith a' cruthachadh Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig.

Chaidh reachdas ùr, Bile nan Cànan Albannach, a thoirt a-steach do Phàrlamaid na h-Alba. Nuair a bhios iad air an achdachadh, thathar an dùil gun tèid na h-ullachaidhean san dreachd reachdas a chur an gnìomh, nuair a bhios ùine an tionndaidh làithrich de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig deiseil. Is e seo an clàr-ama airson a' Phlana Chorporra.

A' cumail taic ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Chaidh Plana Nàiseanta na Gàidhlig ùr airson 2023-28 aontachadh le Riaghaltas na h-Alba agus chaidh fhoillseachadh san Dùbhlachd 2023. Is e seo an ceathramh Plana Nàiseanta agus tha na h-ullachaidhean aige, còmhla ri riatanasan reachdail Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, nam frèam anns a bheil am Plana Corporra seo stèidhichte.

“

“...cuidichidh sinn gus dèanamh cinnteach gum bi Alba na h-àite nas fheàrr airson a bhith a' fuireach ann agus gum bi i na dùthaich a tha nas beartaiche is nas soirbheachaile”

”

A' toirt taic do dh'adhbhar Riaghaltas na h-Alba

Bidh am Frèam Coileanadh Nàiseanta - 'Scotland Performs' - a' tomhas agus a' clàradh mar a tha Alba a' coileanadh a rèir adhbhar agus amasan ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba.

Gheibhear am Frèama an seo: **National Performance Framework | Our Place**

Tha co-thaobhadh ris na Builean Nàiseanta a' cuideachadh fòcas nam buidhnean riaghaltais agus tha seo a' toirt seachad structar soilleir airson lìbhrigeadh. Le bhith a' coileanadh nam Builean Nàiseanta seo còmhla, cuidichidh sinn gus dèanamh cinnteach gum bi Alba na h-àite nas fheàrr airson a bhith a' fuireach ann agus gum bi i na dùthaich a tha nas beartaiche is nas soirbheachaile.

Cumaidh Bòrd na Gàidhlig sùil air mar a tha an obair aige a' cur ris na Builean Nàiseanta, tro bhith ag aithris air buaidh do choinneamhan an Sgioba-stiùiridh, coinneamhan Comataidh agus coinneamhan a' Bhùird-stiùiridh. Thèid aithris air adhartas anns na h-Aithisgean Bliadhnail is Cunntasan againn. Tha am frèam a' cuimseachadh air a bhith a' cur ri sunnd agus càileachd beatha, a' togail eaconamaidh shoirbheachail, a' dìon na h-àrainneachd, a' cruthachadh choimhearsnachdan in-ghabhalach le cumhachd, a' brosnachadh ionnsachadh fad-bheatha agus a' brosnachadh spionnadh cultarach.



Plana Corporra

Tha am Plana Corporra a' toirt dhuinn an fhrèam fharsaing anns am bi Bòrd na Gàidhlig ag obair gus ar dleastanasan a choileanadh gus eileamaidean de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-28 a lìbhrigeadh, a bhith a' cur ris an Fhrèam Coileanaidh Nàiseanta agus ar dleastanasan reachdail fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a lìbhrigeadh.

Nì Bòrd na Gàidhlig lèirmheas air a' Phlana Chorporra gach bliadhna agus ullaichidh e am Plana Gnìomh bliadhnail aige, le gnìomhan sònraichte agus le slatan-tomhais/targaidean co-cheangailte airson gach prìomhachas air a mhìneachadh sa Phlana Chorporra.

Bidh sinn a' cleachdadh na h-abairt Prìomh Chomharran Coileanaidh (PCCan) airson a bhith a' comharrachadh nan dòighean anns an urrainn dhuinn adhartas ar cuid obrach a mheasadh. Tha sinn air 6 PCCan farsaing a chomharrachadh anns an do mhinich sinn na tha sinn an dùil a choileanadh, na ceumannan agus na targaidean a chleachdas sinn gus ar coileanadh a mheasadh, agus dè nì sinn gus soirbheachadh.

“

Bidh sinn a' cleachdadh na h-abairt Prìomh Chomharran Coileanaidh (PCCan) airson a bhith a' comharrachadh nan dòighean anns an urrainn dhuinn adhartas ar cuid obrach a mheasadh.

”

PRÌOMH CHOMHARRA COILEANAIDH

1

Barrachd chothroman do dhaoine an cuid sgilean Gàidhlig a chleachdadh aig an taigh, san obair agus sna coimhearsnachdan aca

2

Barrachd taic do sholar sna Tràth-bhliadhnaichean

3

Brosnaich buannachdan Foghlam tro Meadhan na Gàidhlig (FtG) is Foghlam Luchd-ionnsachaidh (FLi)

4

Barrachd taic do dh'ionnsachadh na Gàidhlig

5

Tha barrachd àite aig a' Ghàidhlig ann an aithne nàiseanta na h-Alba, aithne-dùthcha iom-fhillte is fhosgailte

6

Tha Bòrd na Gàidhlig èifeachdach na dhreuchd ceannardais agus a' cur ri lìbhrigeadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig 4 san fharsaingeachd



Cothrom is Cunnart

Cothrom

Tha Plana Corporra ùr na dheagh àm gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn soilleir mu ar miannan a thaobh leasachadh ar cànan. Tha e a' libhrigeadh fòcas às ùr agus, còmhla ri Plana Nàiseanta Gàidhlig ùr, tha e a' mìneachadh na h-obrach a nithear gus ar cànan a ghluasad air adhart. Tha am Plana Corporra seo stèidhichte air an teachdaireachd shoilleir seo: Tha a' Ghàidhlig na stòras do dh'Alba air fad, gu h-eaconamach, gu sòisealta agus gu cultarail. Is urrainn dhith a bhith, agus bidh i, mar phàirt de na fuasglaidhean a dh'fheumas am Frèam Coileanaidh Nàiseanta gus libhrigeadh airson Alba. Tha coimhearsnachdan Gàidhlig làidir nam meadhan airson a bhith a' libhrigeadh thar farsaingeachd de raointean poileasaidh agus neartaichidh beachdachadh iomchaidh air a' Ghàidhlig sa cho-theacsa seo an cànan agus a shuidheachadh san àm ri teachd.

“

Tha a' Ghàidhlig na stòras do dh'Alba air fad.

”

Cunnart

Ann an co-theacs nan cothroman a tha rim faotainn, tha Bòrd na Gàidhlig a' tuigsinn gu bheil diofar chunnartan ann cuideachd a dh'fhaodadh bacadh a chur oirnn bho bhith a' coileanadh ar lèirsinn agus a dh'fhaodadh buaireadh a thoirt air buaidh agus libhrigeadh nan amasan a tha air am mìneachadh sa Phlana Chorporra againn. Bidh sinn a' tomhas gach Prìomh Chomharra Coileanaidh mu choinneamh clàr mhì-chinntean a bhios air ath-sgrùdadh agus air ùrachadh gu cunbhalach.

CUNNART

- 1 Stòrasan
- 2 Buidhnean com-pàirteach agus lìonra
- 3 Fàs ann am foghlam Gàidhlig
- 4 A' tuigsinn dreuchdan is dleastanasan Bhòrd na Gàidhlig
- 5 Obair air a dèanamh le ar prìomh luchd-ùidh agus com-pàirtichean libhrigidh
- 6 Riaghladh



Ro 2028, agus sinn a' leantainn na lèirsinn sin, tha Bòrd na Gàidhlig airson dèanamh cinnteach gun tachair na leanas:

“

Tha aithne a' sìor-fhàs mu na buannachdan a tha an lùib a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig - ann an dòighean eaconamach, cultarach agus sòisealta.

1

Gum bi barrachd dhaoine a' cleachdadh Gàidhlig agus a' faighinn bhuannachdan bhon chànan nan obair, aig an taigh agus anns a' choimhearsnachd

Tha cleachdadh na Gàidhlig gu làitheil ro-chudromach gus an cànan a chumail beò agus seasmhach.

Tha sinn ag amas air barrachd dhaoine a bhrosnachadh gus a cleachdadh ann am barrachd shuidheachaidhean agus nas trice. Sheall Suirbhuidh Beachdan Sòisealta na h-Alba 2021 gur ann aig daoine òga a tha na beachdan as fhàbharraiche mun Ghàidhlig agus gu bheil iad ro-chudromach gus an cànan a chumail beò. Tha toraidhean cunntas-sluaigh 2022 a' sealltainn fàs ann an sgilean Gàidhlig air feadh na h-Alba agus tha fàilte mhòr air sin. Ach, tha feumalachdan eadar-dhealaichte aig na coimhearsnachdan traidiseanta aig a bheil raon farsaing de dhùbhlain a tha a' toirt buaidh

air cleachdadh a' chànain, agus aig bailtean-mòra agus cathair-bhailtean far a bheil fàs follaiseach ann. Tha feum againn air dòigh-obrach dhà-fhillte gus cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh – an dà chuid ag amas air spionnadh às ùr a thoirt do choimhearsnachdan eileanach agus dùthchail agus cuideachd ag amas air taic a thoirt do na coimhearsnachdan Gàidhlig a tha a' fàs ann am bailtean-mòra agus cathair-bhailtean – le fòcas air daoine òga agus aig an aon àm a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e dòigh-obrach eadar-ghinealach a bhith ann.

Tha aithne a' sìor-fhàs mu na buannachdan a tha an lùib a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig - ann an dòighean eaconamach, cultarach agus sòisealta. Tha na h-ealainean Gàidhlig gu sònraichte fìor chudromach anns gach raon seo cho math ri bhith a' cur an aghaidh an status quo agus a' coimhead air coincheapan ùra. Bidh iad sin, còmhla ri farsaingeachd de roinnean eile, a' cur ri fàs eaconamach mar a chaidh a shealltainn barrachd is barrachd ann an raon de sgrùdaidhean buaidh sòisio-eaconamach a rinneadh sna beagan bhliadhnaichean mu dheireadh.

Dealbh le: Sandie Photos



Gum bi barrachd chothroman ann do dhaoine aig aois sam bith na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart agus gum bi na cothroman seo nas ruigsinniche

Tha a bhith a' brosnachadh agus a' toirt comas do dhaoine aig aois sam bith Gàidhlig ionnsachadh na bhunait gus an àireamh de dhaoine a tha a' cleachdadh Gàidhlig a chur am meud.

Is e ar n-amas slighe neach-ionnsachaidh fhaicinn a tha cunbhalach bho na tràth-bhliadhnaichean chun na treas ìre agus nas fhaide air adhart, le solar an dà chuid ann am foghlam foirmeil agus ann an àrainneachdan neo-fhoirmeil. Tha an cruth-tìre poileasaidh a' toirt buaidh air gach cuid solar agus àireamh nan sgoilearan ann am FtG agus tha cothroman ann gus fàs a thoirt air solar ro-sgoile, bun-sgoile, àrd-sgoile agus treas-ìre. Tha stadastaireachd mu FtG a' sealltainn fàs ann an iarrtas anns na bailtean-mòra agus cathair-bhailtean, a tha an dà chuid na chothrom is na dhùbhlain. Ann an sgìrean dùthchail agus eileanach le àireamhan-sluaigh a tha a' crìonadh, is e an dùbhlain àireamhan chloinne a chumail suas agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil solar ann.

Gus feum a dhèanamh de na cothroman agus gus aghaidh a chur air na dùbhlain, tha feum air àireamhan nas motha de luchd-obrach proifeasanta is de luchd-obrach taice leis na teisteanasan iomchaidh agus anns na h-àiteachan far a bheil iad a dhìth. Feumaidh teaghlaichean taic gus na roghainnean aca a thaobh Gàidhlig a chur an gnìomh agus tha iad fhathast aig cridhe soirbheas FtG. Tha sinn ag aithneachadh nan diofar dhreuchdan agus dhleastanasan a tha aig Riaghaltas na h-Alba, ùghdarrasan ionadail, buidhnean foghlaim nàiseanta agus a' phàirt a tha againn sa chruth-tìre seo.

“

Tha àrdachadh nach beag air tighinn air an àireimh de dhaoine a tha a' dèanamh feum de chothroman ionnsachaidh inbheach,

”

Tha àrdachadh nach beag air tighinn air an àireimh de dhaoine a tha a' dèanamh feum de chothroman ionnsachaidh inbheach, rud a tha soilleir gu h-àraidh tro na h-àireamhan a tha a' cleachdadh Duolingo, LearnGaelic.scot agus SpeakGaelic. Tha ar com-pàirteachasan le raon de luchd-ùidh ann an ionnsachadh inbheach ro-chudromach dhan ro-innleachd againn gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh inbheach. Le barrachd leasachaidhean ann an teicneòlas, tha e a' toirt dhuinn barrachd dhòighean gus taic a chumail ri ionnsachadh ge b' e càite a bheil e a' tachairt. Tha a bhith a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh fileantachd a ruigsinn air aon de na prìomh fhactaran ann a bhith a' toirt fàs air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig agus bidh seo na fhòcas rè beatha a' phlana seo.

Tha sgilean cànan dreuchdail a dhìth cuideachd, agus mar sin, feumar barrachd leasachadh is libhrigeadh chùrsaichean a bhith ann. Is e an ròl againn a bhith ag obair ann an com-pàirteachas leis an fheadhainn a tha a' libhrigeadh ionnsachadh foirmeil agus neo-fhoirmeil gus na cothroman a thoirt gu buil agus gus aghaidh a thoirt air na dùbhlain sin, a' cleachdadh fhuasglaidhean ùr-ghnàthach agus stèidhichte air fianais a tha freagarrach do dhaoine agus do bhuidhnean.

Gum bi ar n-obair a' fiosrachadh agus a' toirt buaidh air leasachadh na Gàidhlig agus air poileasaidhean a bheir buaidh air a' Ghàidhlig

Tha misneachd a bhith a' cleachdadh no ag ionnsachadh cànan a' tighinn bho ghrunn diofar fhactaran. Tha fear dhiubh sin co-cheangailte ri inbhe agus ìomhaigh. Rè beatha a' Phlana Chorpóra seo, tha sinn ag amas air a' bhuidhe chudromaich a shealltainn a tha aig a' Ghàidhlig air feadh comann-sòisealta na h-Alba agus nas fhaide air falbh.

Tha àite na Gàidhlig ann am poileataigs ro-chudromach ann a bhith a' faighinn inbhe nas àirde, agus bidh na h-atharrachaidhean a nithear a' crochadh air an obair a nì sinn ann an com-pàirteachas le Riaghaltas na h-Alba, riaghaltas ionadail, ùghdarrasan poblach agus pàrtaidhean poilitigeach. Tha an lèirsinn againn a' gabhail ris gu bheil dòighean eadar-dhealaichte ann gus taic a thoirt dhan chànan, agus brosnachidh sinn an deagh bhuidhe a th' aig a' Ghàidhlig gus dèanamh cinnteach gum bi daoine nas fhiosraichte mu luach na Gàidhlig, agus mun bhuidhe a th' aice san fharsaingeachd.

Gus dèanamh cinnteach gun tèid Gàidhlig fhaicinn agus a chluinntinn gu làitheil air feadh na h-Alba, cumaidh sinn oirnn a' toirt piseach air an dòigh anns am bi sinn ag obair le daoine eile agus taobh a-staigh Bòrd na Gàidhlig. Tha sinn a' gabhail ris an dleastanas againn a bhith èifeachdach, tairbheach agus buaidh nàiseanta a bhith againn. Anns na bliadhnaichean a tha romhainn, coimheadaidh sinn air cothroman gus teicneòlasan didseatach a chleachdadh gus cur ri conaltradh is èifeachdas. Tasgaidh sinn ann an trèanadh agus leasachadh gus am bi an t-eòlas agus na sgilean aig na daoine againn gus a' bhuidheann againn a thoirt air adhart, agus cumaidh sinn oirnn a' cumail taic ri sunnd an luchd-obrach againn.

“

Anns na bliadhnaichean a tha romhainn, coimheadaidh sinn air cothroman gus teicneòlasan didseatach a chleachdadh gus cur ri conaltradh is èifeachdas.

”



PRÌOMH CHOMHARRA COILEANAIDH 1	Barrachd chothroman do dhaoine na sgilean Gàidhlig aca a chleachdadh aig an taigh, san obair agus sna coimhearsnachdan aca	
AMASAN	BUILEAN A GHABHAS TOMHAS	CUNNARTAN A DH'FHAODADH A BHITH ANN
Cuir taic ri leudachadh co-ionadan leasachaidh Gàidhlig	Thèid taic a chumail ri co-ionadan Gàidhlig	1. Stòrasan 2. Buidhnean com-pàirteachais is lìonra 3. Fàs ann am foghlam Gàidhlig
Stiùir agus cuir taic ri cruthachadh Planaichean Gàidhlig air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd agus cùm taic ri seo.	Trì Planaichean Gàidhlig stèidhichte sa choimhearsnachd an sàs le trì eile gan cruthachadh	4. A' tuigsinn dreuchdan agus dleastanasan Bhòrd na Gàidhlig
Cruthaich an ath ìre de Lìonra nan Oifigearan Leasachaidh Gàidhlig a bhios a' gabhail a-steach taic airson ionnsachadh proifeiseanta leantainneach	Ionnsachadh proifeiseanta ann airson oifigearan leasachaidh Gàidhlig sa Choimhearsnachd Fianais gu bheil obair an lìonra a' fiosrachadh cho-dhùnidhean air tasgadh ann an leasachadh	5. Obair air a dèanamh le ar prìomh luchd-ùidh agus com-pàirtichean libhrigidh
Cuir taic ri agus leasaich iomairtean Gàidhlig air-loidhne	Clàr de dh'iomairtean is goireasan air-loidhne ri fhaighinn	
Maoinich tachartasan Gàidhlig agus buidhnean com-pàirteachais a bhios a' libhrigeadh thachartasan Gàidhlig	Àireamh nan tachartasan a fhuair taic	
Maoinich na gnìomhan aig lìonra de phrìomh bhuidhnean libhrigidh Gàidhlig	Prìomh bhuidhnean libhrigidh Gàidhlig comasach air builean Plana Nàiseanta na Gàidhlig a libhrigeadh	
Thoir stiùireadh agus taic do bhuidhnean gus cur ri an cuid eòlais agus misneachd a thaobh cleachdadh na Gàidhlig nan cuid obrach.	Stiùireadh air fhoillseachadh agus furasta fhaighinn Fios air ais bho luchd-ùidh	

PCC02

PRÌOMH CHOMHARRA COILEANAIDH 2	Barrachd taic do sholar sna Tràth-bhliadhnaichean	
AMASAN	BUILEAN A GHABHAS TOMHAS	CUNNARTAN A DH'FHAODADH A BHITH ANN
Thoir seachad comhairle do Phileat Nàiseanta Seirbheis Tràth-bhliadhnaichean FtG agus do luchd-obrach airson an solar Gàidhlig aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean	<p>Àireamh nan uairean a thìde air a lìbhrigeadh le solar tràth-bhliadhnaichean tron Ghàidhlig stèidhichte sa choimhearsnachd</p> <p>Com-pàirteachadh le ùghdarrasan ionadail a thaobh a bhith a' cruthachadh solar Tràth-bhliadhnaichean ùr</p> <p>Thèid aithisg lèirmheas air a' Phileat fhoillseachadh ann an 2025</p>	<ol style="list-style-type: none">1. Stòrasan2. Buidhnean com-pàirteach is lionra3. Fàs ann am foghlam Gàidhlig4. A' tuigsinn dreuchdan agus dleastanasan Bhòrd na Gàidhlig5. Obair air a dèanamh le ar prìomh luchd-ùidh agus com-pàirtichean libhrigidh
Lìbhrig iomairtean brosnachaidh cuimsichte a thaobh chothroman taobh a-staigh na roinne	Ro-innleachd brosnachaidh aontaichte air a chruthachadh le com-pàirtichean	



PCC03

PRÌOMH CHOMHARRA COILEANAIDH 3		Brosnaich buannachdan FtG agus FLi
AMASAN	BUILEAN A GHABHAS TOMHAS	CUNNARTAN A DH'FHAODADH A BHITH ANN
Brosnaich àrdachadh anns na h-àireamhan ann am FtG	Ìre iarrtais airson solar FtG	<ol style="list-style-type: none"> 1. Stòrasan 2. Buidhnean com-pàirteach is lionra 3. Fàs ann am foghlam Gàidhlig 4. A' tuigsinn dreuchdan agus dleastanasan Bhòrd na Gàidhlig 5. Obair air a dèanamh le ar prìomh luchd-ùidh agus com-pàirtichean libhrigidh
Thoir taic do bhuidhnean phàrant gus an t-iarrtas airson solar FtG a chomharrachadh agus a bhith a' conaltradh ri ùghdarrasan ionadail agus Riaghaltas na h-Alba	Brosnachadh solar FtG	
Thoir comhairle do dh'ùghdarrasan ionadail mu bhith a' libhrigeadh FtG	Com-pàirteachadh le ùghdarrasan ionadail a tha a' cruthachadh solar FtG ùr	
Thoir comhairle do dh'ùghdarrasan ionadail mu bhith a' libhrigeadh FLi mar phàirt den phrògram 1+2 nàiseanta	Àireamhan ann am FLi Brosnachadh na Gàidhlig ann am prògram 1+2 agus san ìre as àirde	
Thoir seachad comhairle do dh'ùghdarrasan ionadail mu bhith a' libhrigeadh eisimpleir de raon-ùghdarras do Luchd-cuideachaidh Cànanain ann am FtG	A' brosnachadh chothroman dreuchdail ann am Foghlam Gàidhlig	
Thoir comhairle do bhuidhnean foghlaim nàiseanta a thaobh solar FtG is FLi	Eachdraidh de chonaltraidh agus de comhairle do bhuidhnean foghlaim nàiseanta	

PCC04

PRÌOMH CHOMHARRA COILEANAIDH 4		Barrachd taic do dh'ionnsachadh na Gàidhlig
AMASAN	BUILEAN A GHABHAS TOMHAS	CUNNARTAN A DH'FHAODADH A BHITH ANN
Co-òrdanaich agus libhrig Ro-innleachd Ionnsachaidh Inbheach	Ro-innleachd Ionnsachaidh Inbheach air a chrìochnachadh, agus air aontachadh le com-pàirtichean	<ol style="list-style-type: none"> 1. Stòrasan 2. Buidhnean com-pàirteachais is lìonra 3. Fàs ann am foghlam Gàidhlig 4. A' tuigsinn dreuchdan agus dleastanasan Bhòrd na Gàidhlig
A' cumail taic ri iomairtean SpeakGaelic agus LearnGaelic	Stuthan rim faighinn do luchd-ionnsachaidh aig a h-uile ìre ionnsachaidh a rèir clàr-ama aontaichte	
Brosnaich dòighean gus misneachd ann am fileantachd a thomhas anns a h-uile seòrsa ionnsachaidh le taic bho Bhòrd na Gàidhlig	Cumhachan maoinachaidh ùraichte airson ionnsachadh na Gàidhlig gu bhith a' gabhail a-steach riatanasan a thaobh dearcnachadh	
Obair ann an com-pàirteachas gus cuideachadh le bhith a' cruthachadh ionnsachaidh dòighean/goireasan ionnsachaidh ùr-ghnàthach a tha freagarrach do dhaoine agus do bhuidhnean	Bidh na dòighean/goireasan ionnsachaidh a thèid a chruthachadh air chothrom do luchd-ionnsachaidh.	
Thoir stiùireadh do bhuidhnean nàiseanta foghlam air cùisean co-cheangailte ri ionnsachadh na Gàidhlig	Eachdraidh de chonaltradh le agus de chomhairle do bhuidhnean foghlaim nàiseanta	

PCC05

PRÌOMH CHOMHARRA COILEANAIDH 5		Tha barrachd àite aig a' Ghàidhlig ann an aithne nàiseanta na h-Alba, aithne-dùthcha iom-fhillte is fhosgailte
AMASAN	BUILEAN A GHABHAS TOMHAS	CUNNARTAN A DH'FHAODADH A BHITH ANN
Thoir seachad guth soilleir airson àite na Gàidhlig ann am beatha phoblach na h-Alba	Thèid aithris do Riaghaltas na h-Alba air adhartas le Plana Nàiseanta na Gàidhlig gach bliadhna Diofar iomairtean adhartachaidh	1. Stòrasan 2. Buidhnean com-pàirteachais is lìonra 3. Fàs ann am foghlam Gàidhlig
A' cumail taic ri buidhnean poblach a thaobh nan dleastanasan reachdail aca a thaobh na Gàidhlig	Àireamh nam Planaichean Gàidhlig a tha an gnìomh	4. A' tuigsinn dreuchdan agus dleastanasan Bhòrd na Gàidhlig 5. Obair air a dèanamh le ar prìomh luchd-ùidh agus com-pàirtichean libhrigidh
Thoir Comhairle do Mhinistearan na h-Alba air a h-uile rud co-cheangailte ri feumalachdan na Gàidhlig agus Leasachadh na Gàidhlig	Aithisg dearcnachaidh bhliadhnail air adhartas le Planaichean Gàidhlig Eachdraidh de bhith a' toirt comhairle do Mhinistearan na h-Alba.	6. Riaghladh

PCC06

PRÌOMH CHOMHARRA COILEANAIDH 6		Tha Bòrd na Gàidhlig èifeachdach na dhleastanas agus tha e a' cur ri libhrigeadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig 4
AMASAN	BUILEAN A GHABHAS TOMHAS	CUNNARTAN A DH'FHAODADH A BHITH ANN
Libhrig ar dreuchdan agus dleastanasan reachdail	Gèilleadh ri riatanasan reachdail agus prìomhachasan ro-innleachdail aontaichte - air a dhaingneachadh le sgrùdadh bhon taobh a-muigh agus le lèirmheas.	1. Stòrasan 2. Buidhnean com-pàirteachais is lìonra 3. Fàs ann am foghlam Gàidhlig
Cùm sùil air libhrigeadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig	Thèid aithisg dearcnachaidh bhliadhnail air adhartas a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus thèid fhoillseachadh air an làraich-lìn againn	4. A' tuigsinn dreuchdan agus dleastanasan Bhòrd na Gàidhlig 5. Obair air a dèanamh le ar prìomh luchd-ùidh agus com-pàirtichean libhrigidh
Cleachd na goireasan a tha rim faotainn dhuinn ann an dòigh èifeachdach agus bhuadhach	Thoir seachad seirbheisean taobh a-staigh a' bhuidseit agus faigh cunntasan reachdail gun chumha gach bliadhna.	6. Riaghladh

Buidseat 24/25

2024/25
£'000

MAOINEACHADH/TEACHD-A-STEACH	
Tabhartas Gus Cuideachadh - Bun-loidhne	5,125
Maoineachadh GIA a bharrachd	350
BUIDSEAT IOMLAN RI FHAIGHINN	5,475

CAITEACHAS	
GLAIF	1,140
Leasachadh Eile	2,701
COISGEADH LEASACHAIDH IOMLAN	3,841
Cosgaisean Luchd-obrach	1,213
Cosgaisean Obrachaidh Eile	421
COSGAISEAN OBRACHAIDH UILE IOMLAN	1,634
COSGAISEAN IOMLAN	5,475

Achd na Gàidhlig (Alba)
2005

Achd an Fhoghlaim
(Alba) 2016

Plana Nàiseanta na
Gàidhlig

Bile nan Cànanan
Albannach

Suirbhidh Beachdan
Sòisealta na h-Alba

Ar taing do:



THEATRE GULEÒR

